

Pròiseact Rannsachadh Gàidhlig nan Eilean

Dà Dhreuchd - Neach-rannsachaidh Coimhearsnachd

1. Am Pròiseact

Tha am pròiseact seo ag amas air seasmhachd làthaireach na Gàidhlig mar chànan is fèin-aithne coimhearsnachd a thomhas anns na h-Eileanan Siar, Tiriodh agus ceàrnaidhean den Eilean Sgitheanach. Tha mìneachadh earbsach air cor sòiseo-cànanach na Gàidhlig agus air suidheachadh deamografach is cruinn-eòlach a' chànan a dhìth airson iomairtean planadh cànan a dhealbhadh a chumas taic ri coimhearsnachdan anns na h-Eileanan a tha airson dèiligeadh ris an t-suidheachadh shòiseo-cultarail mar a tha e an da-rìreabh an àite cultair a tha mas fhìor fallain ann an sgìrean dùthchasach na Gàidhlig a rèir cuid. Tha e fa-near don phròiseact cleachdadh sòiseo-cànanach na Gàidhlig a mhìneachadh ann an saoghal dà-chànanach nan Eilean a tha a' sìor-fhàs dà-chànanach agus a' sìor-atharrachadh. Aig teis-meadhan nam modalan rannsachaidh, bithear a' toirt mìneachaidh air na tha an dàn don Ghàidhlig mar fhèin-aithne bheò, stèidhichte air a suidheachadh sòiseo-cultarail agus a' cur an cèill dè na h-iomairtean cànan as iomchaidh airson taic a chumail ri cor sòisealta na Gàidhlig. Bidh am pròiseact stèidhichte air na prìomh cheistean rannsachaidh seo:

- Dè cho cumanta 's a tha sgaoileadh na Gàidhlig eadar ginealaichean anns na h-Eileanan Siar, Tiriodh agus ceàrnaidhean den Eilean Sgitheanach?
- Dè tha an dàta cànan làithreach ag innse mu fhallaineachd na Gàidhlig sna h-eileanan?
- A bheil an dàta cànan làthaireach, agus na beachdan stèidhichte air an dàta sin, a' toirt mìneachaidh earbsach air cor làithreach na Gàidhlig mar chànan beò?
- Ciamar a tha deugairean sna sgìrean seo freumhaichte anns an dualchas is a' choimhearsnachd Ghàidhealaich aca?
- Dè cho cudromach 's a tha a' Ghàidhlig ann am fèin-aithne chruthachail nan deugairean?
- Dè an coltas a th' air an t-suidheachadh Beurla/Gàidhlig bho thaobh sòiseo-cultarail ann an coimhearsnachd dhùthchasach Gàidhlig?
- Dè na beachdan sa choimhearsnachd agus oifigeil air cor làithreach na Gàidhlig?
- Dè na beachdan as nochdte air na h-iomairtean coimhearsnachd agus oifigeil a tha a' cumail taic ris a' Ghàidhlig?
- Dè cho comasach 's a bhiodh iomairtean planadh cànan nas adhartaiche agus nas torraiche anns na h-Eileanan?
- Dè na taobhan torrach an lùib suidheachadh eadar-eisimeileach L1 agus L2 a thaobh na Gàidhlig?
- Dè na h-iomairtean planadh cànan as èifeachdaiche ann an suidheachadh L1 agus L2 airson taic a chumail ris a' Ghàidhlig agus co-obrachadh soirbheachail a bhrosnachadh eatarra?

Ged a tha prìomh amas an sgrùdaidh seo stèidhichte air sgaoileadh lionraidhean luchd-bruidhinn

L1 anns na h-Eileanan, tha na stiùirichean pròiseict mothachail gu bheil luchd-bruidhinn L1 na Gàidhlig a' com-pàirteachadh ann an lionraidhean Gàidhlig ann an ceàrnaidhean eile de dh'Alba. Tha e fa-near don sgrùdadh seo a dhol an sàs ann an rannsachadh air a' Ghàidhlig mar chleachdadh sòiseo-cultarail anns na coimhearsnachdan far a bheil i nas cumanta mar chànan lìonraidh stèidhichte anns a' choimhearsnachd. Tha na stiùirichean pròiseict mothachail cuideachd gu bheil cleachdadh na Gàidhlig mar chleachdadh L2 a' dol am meud, a tha mar thoradh dòchasach air na h-oidhirpean dealbhadh cànan ann an Alba gu ruige seo, ach tha na modalan an lùib a' phròiseict seo stèidhichte, anns a' chiad dol a-mach, air trusadh fiosrachaidh airson iomairtean planadh cànan a bheir taic do choimhearsnachdan is lionraidhean L1 na Gàidhlig. Tha mòran den dealbhadh cànan L2 stèidhichte air tuigse eadar sin agus mar a tha e ceangailte ris an t-suidheachadh L1. Mar sin, thèid dàta agus sgrùdadh a chruthachadh agus a leudachadh an lùib a' phròiseict seo a bhios fiosrachail agus buannachdail airson an dà shuidheachaidh sin.

2. Farsaingeachd

'S e pròiseact rannsachaidh mòr a tha seo anns a bheil amasan agus farsaingeachd a tha dùbhlanaich. Tha na prìomh ghniomhan gan roinn eadar seachd modalan rannsachaidh:

1. Modal ullachaidh
2. Ceisteachan ann am bun-sgoiltean airson cleachdadh cànan teaghlaich nan sgoilearan bun-sgoile a thomhas
3. Sgrùdadh mionaideach ann an sgìre shònraichte Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar no ann an Tìriodh
4. Sgrùdadh air deugairean
5. Co-chomhairleachadh coimhearsnachd
6. Co-fhilleadh cleachdaidhean planadh cànan L1 agus L2 mar mhodal airson iomairtean cànan anns na h-Eileanan
7. Co-fhilleadh mhodalan 1-6 agus Ìre Aithris Dheireannach

Bidh prìomh dhleastanasan aig an luchd-rannsachaidh coimhearsnachd ann am Modalan 2-5.

3. An t-Ionad Fastaidh

Thèid an luchd-rannsachaidh fhadhadh le SMO an cois na tha an t-ionad seo a' cur ri Lìonra Rannsachaidh Nàiseanta Shoillse airson Cànan is Cultar na Gàidhlig a Ghlèidheadh is Ath-bheothachadh – www.soillse.ac.uk. 'S e com-pàirteachas ioma-ionadail is eadar-cuspaireil a th' ann an Soillse eadar Sabhal Mòr Ostaig agus Colaiste a' Chaisteil, a tha nan colaistean com-pàirteachaidh ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean; Oilthigh Obar Dheathain; Oilthigh Dhùn Èideann agus Oilthigh Ghlaschu. Chaidh Soillse a stèidheachadh ann an 2009 airson

cothroman rannsachaidh is trèanadh iar-cheumnach a liubhairt ann an cuspairean sgoileireil co-cheangailte ri glèidheadh is ath-bheòthachadh na Gàidhlig is a cultair. Tha na h-oilthighean com-pàirteachaidh airson Soillse a leasachadh mar iomairt rannsachaidh mhion-chànanan aig ìre eadar-nàiseanta, agus airson com-pàirteachadh anns an deasbad sgoileireil is phoblach a thaobh ghnòthaichean mion-chànain le bhith a' leudachadh nan cothroman rannsachaidh ann an sòiseo-eòlas, sòiseo-chànanachas agus poileasaidh is dealbhadh cànan a thaobh na Gàidhlig mar chànan is cultar beò, agus airson eòlas a chur ri poileasaidhean poblach ann an Alba agus thall thairis. Tha Pròiseact Rannsachadh Gàidhlig nan Eilean a' riochdachadh obair mhòr an lìonraidh ann a bhith a' stèidheachadh cunntais thùsail air cor na Gàidhlig ann am prìomh sgìre dhùthchasach a' chànan.

4. Prìomh dhleastanasan

- Com-pàirteachadh ann an dealbhadh, libhrigeadh, dèiligeadh agus aithris iomadh modal rannsachaidh a' phròiseict
- Stiùireadh, leasachadh agus libhrigeadh sgrùdadh air cleachdadh cànan teaghlaich agus a' cur dàta a-steach
- Libhrigeadh sgrùdadh air suidheachadh aoiseil coimhearsnachdan ionadail na Gàidhlig
- Libhrigeadh sgrùdadh air dàta air comasan cànan agus cleachdadh cànan
- Stiùireadh, leasachadh agus libhrigeadh sgrùdadh air deugairean agus a' cur dàta a-steach
- Ullachadh farsaingeachd agus clàr-ama airson choinneamhan coimhearsnachd agus gan toirt gu buil
- Cumail taic ri Stiùiriche Shoillse le ullachadh toraidhean rannsachaidh acadaimigeach airson foillseachaidh aig ìre aithris a' phròiseict

5. Prìomh chomasan, theisteanasan agus eòlas-obrach

Riathanach

- Comas air a' Ghàidhlig a thuigsinn, a leughadh, a sgrìobhadh is còmhradh a chumail. Thèid iarraidh air tagraichean an cuid chomasan cànan a thaisbeanadh aig ìre agallaimh
- Comas air obair rannsachaidh mhion-chànanan a ghabhail os làimh
- Sàr sgilean conaltraidh, gu h-àraid a thaobh co-obrachadh coimhearsnachd
- Comas obrach neo-eisimeileach agus fo stiùireadh cho-obraichean sgoileireil agus mar phàirt de sgioba luchd-rannsachaidh
- Comas agus deòin air tachartasan conaltraidh poblach a stiùireadh airson fios a chumail ri buidhnean fa leth air na thig às na toraidhean rannsachaidh air a' Ghàidhlig
- Comas agus deòin air obrachadh a rèir structaran stiùiridh
- Sàr sgilean dealbhaidh ann an rannsachadh is rianachd
- Cead dràibhidh agus comas a bhith a' siubhal air feadh nan eilean (a' cleachdadh a' chàr aca fhèin)

- Comas obrach sa Bheurla

Buannachdail

- Eòlas air cor na Gàidhlig ann an Alba agus air poileasaidh iomchaidh airson a glèidheadh is a h-ath-bheòthachadh
- Tuigse mhath air gnothaichean co-cheangailte ri glèidheadh mion-chànain is ath-bheòthachadh cànanain san fharsaingeachd
- Comas dearbhte air toradh obair rannsachaidh sa Ghàidhlig a thaisbeanadh, gu labhairteach is ann an sgrìobhadh, agus comas air taisbeanaidhean a dhèanamh

Nithear beachdachadh air PhD a tha air a thoirt gu crìch no a thathar a' toirt gu crìch, ann an cuspair iomchaidh do na saidheansan cànanain ach chan eil seo riatanach.

6. Ùine

Tha am post seo air a mhaoineachadh airson dà bhliadhna.

7. Pròiseas Tagraidh

Feumaidh tagraichean foirm tagraidh a lìonadh is a chur thugainn cuide ris na leanas:

- Cunntas-beatha iomlan
- Litir tagraidh a chuireas an cèill:
 - a) carson a thathar a' dèanamh tagraidh agus ciamar a leudaicheas am post rannsachaidh seo an t-slighe-obrach agaibh ann an rannsachadh sgoileireil
 - b) ciamar a tha eòlas an tagraiche gu ruige seo iomchaidh do dh'amasan rannsachaidh Shoillse agus ciamar a chuireas an sgilean rannsachaidh ri aithris-rùin rannsachaidh Shoillse.

Tha Shoillse a' cur fàilte air iarrtasan dreuchd-roinnte. 'S ma dh'fhaoidte gum biodh na dreuchdan seo freagarrach do dhaoine a tha airson fo-fhastadh dà bhliadhna fhaighinn far nam post làthaireach aca. Feumaidh tagraichean soilleireachadh air an iarrtasan ma tha iad airson 's gun tèid beachdachadh orra a rèir nan sgeamaichean seo.

Gheibh tagraichean barrachd fiosrachaidh mun phost bhon Àrd-ollamh Conchúr Ó Giollagáin, Stiùiriche Shoillse, ma tha iad airson còmhradh mì-fhoirmeil a chur air dòigh ron agallamh fhoirmeil: Fòn: 01471 888558; Post-d: sm00cog@uhi.ac.uk.

Ceann-latha airson iarrtasan: 15/07/15

Ceann-latha nan agallamhan: 20/07/15